

## **Pàrlamaid Òigridh na h-Alba** (<http://www.syp.org.uk/>)

Tha Pàrlamaid Òigridh na h-Alba (SYP) a' riochdachadh òigridh na h-Alba. Bidh na buill thaghte aice, aois 14-25, ag èisteachd ri agus a' comharrachadh nan cùisean as cudromaiche do dhaoine òga, a' dèanamh cinnteach gu bheil luchd-co-dhùnaidh a' cluinntinn nan guthan aca. Bidh SYP a' tabhann raon de sheiseanan conaltraidh do dhaoine òga bho air feadh na h-Alba. Chaidh na seiseanan a chruthachadh leis an sgioba Com-pàirteachadh Òigridh fiosraichte aca agus tha iad rim faighinn le daoine òga aois 12-26 ann an grunn chruthan. Tha iad air iomairt a dhèanamh air grunn chùisean a tha daoine òga na h-Alba air nochdadh cudromach dhaibh. Nam measg tha bhòtaichean aig 16 agus pòsadh den aon ghnè. Tha iomairt eile, 'Bochdainn: Faic e Atharraich e,' ag amas air mothachadh a thogail am measg dhaoine òga mu bhochdainn cloinne is òigridh, agus a' chòir aca air inbhe beatha iomchaidh.

## **Pàrlamaid na h-Alba** (<http://www.scottish.parliament.uk/visitandlearn/12270.aspx>)

Is e Foghlam airson Saoranachd prìomh fòcas seirbheis foghlaim na pàrlamaid. Tha an Curraicealam airson Sàr-mhathais air a dhaingneachadh leis na luachan air slat-riaghlaidh (mace) na Pàrlamaid – gliocas, ceartas, co-fhaireachdainn agus ionracas – agus bidh iad a' tabhann chothroman stèidhichte orra a tha a' brosnachadh ionnsachadh gnìomhach a' cleachdadh mhodhan co-obrachail.

Chan eil cosgais ann airson tadhal air a' phàrlamaid no nuair a bhios luchd-obrach foghlaim no BPA a' tadhal air sgoil. Mar as trice, tha na cuairtean agus prògraman com-pàirteachaidh as freagarraiche do chlann ann am Bun-sgoil 6 agus nas àirde. Dh'fhaodte gum bi e comasach eisgeachd a dhèanamh far a bheil sgoil a' teagasg cuspair Phàrlamaid na h-Alba ann am bliadhna eadar-dhealaichte. Airson sgoiltean beaga le clasaichean de dh'aois mheasgaichte, faodaidh iad seiseanan a thabhann bho BS4 an-àirde anns a' phrògram com-pàirteachaidh againn.

## **Pàrlamaid na RA**

Tha Seirbheis Foghlaim Phàrlamaid na RA airson fiosrachadh, com-pàirteachadh agus cumhachd a thoirt do luchd-ionnsachaidh, agus airson sgoiltean is daoine òga a cheangal ri Pàrlamaid na RA.

Faodaidh tu turas do Phàrlamaid na RA a chur air dòigh an seo.

(<http://www.parliament.uk/education/visit-parliament-with-your-school/>)

Bidh Pàrlamaid na RA cuideachd a' tabhann raon farsaing de bhùthan-obrach com-pàirteachaidh, tadhal BP, tachartasan roinneil agus farpaisean a gheibhear an seo.

(<http://www.parliament.uk/education/outreach-in-your-school/>)

## **Pàrlamaid na h-Aonaidh Eòrpaich**

**Euroquiz:** Bidh Urras Foghlaim Eòrpach na h-Alba a' ruith Euroquiz bliadhnail airson sgoilearan BS6, far am bi sgiobaidhean de cheathrar ag obair còmhla gus an t-eòlas aca air an Roinn Eòrpa a leudachadh. Am measg nan cuspairean air an tèid beachdachadh tha eachdraidh, cruinn-eòlas, spòrs, cultar, cànanan agus an t-Aonadh Eòrpach. Bidh cuairtean na farpais a' gabhail àite ann an ùghdarrasan ionadail bhon Fhaoilleach chun a' Mhàirt, leis na sgiobaidhean a bhuannaicheas bho gach sgìre a' dol air adhart chun na cuairt deireannaich nàiseanta sa Chèitean, air a cumail ann an Seòmar Deasbaid Phàrlamaid na h-Alba. Gheibhear làn fhiosrachadh an seo.

(<http://www.seet.org.uk/activities/euroquiz.php>)

Bidh **Oifis Fiosrachaidh Phàrlamaid na h-Eòrpa** ann an Dùn Èideann a' tabhann stuthan foghlaim an-asgaidh do sgoiltean agus a' toirt seachad luchd-labhairt airson cho-labhairtean, deasbadan agus tachartasan co-cheangailte ris an AE. (<http://www.europarl.org.uk/en/edinburgh-office.html>)

Tha **Euroscola** na chothrom maoinichte agus gun samhail do dhaoine aois 16-18 ionnsachadh mu amalachadh Eòrpach le bhith a' cur eòlas air iad fhèin. Tha oileanaich bho 28 Ball-stàitean an AE air an taghadh gu bhith nam Ball de Phàrlamaid na h-Eòrpa airson aon latha ann an togalach na Pàrlamaid ann an Strasbourg. (<http://www.europarl.europa.eu/euroscola>)

Tha **Duais Òigridh Charlemagne na h-Eòrpa** ag amas air leasachadh mothachadh Eòrpach am measg dhaoine òga a bhrosnachadh, a bharrachd air a bhith a' gabhail pàirt ann am pròiseactan amalachaidh Eòrpach. Tha an Duais air a bhuileachadh air pròiseactan le daoine òga a bhios ag àrach tuigse, a' brosnachadh leasachadh air mothachadh coitcheann de dhearbh-aithne Eòrpach, agus a' tabhann eisimpleirean practaigeach de dh'Eòrpaich a' fuireach còmhla mar aon choimhearsnachd. (<http://www.charlemagneyouthprize.eu/view/en/introduction.html>)

**Bid am Baileat** (<http://bitetheballot.co.uk/>)

Tha Bid am Baileat na ghluasad deamocrasaidh òigridh neo-phàirteach a tha ag amas air luchd-bhòtadh òga a chlàradh agus cumhachd a thoirt dhaibh. Bidh iad a' tabhann 'Latha Deamocrasaidh' airson sgoiltean agus buidhnean coimhearsnachd. Bidh iad cuideachd a' ruith iomairt bhliadhnail air Latha Clàradh Bhòtadh Nàiseanta gus daoine òga a bhrosnachadh agus a chlàradh airson bhòtadh

**Lìog Luchd-bhòtadh Òga (Comhairle Òigridh Bhreatainn)**

(<http://www.leagueofyoungvoters.co.uk/>)

Chaidh Lìog luchd-bhòtadh òga na RA a stèidheachadh ann an 2014 gus dèiligeadh ris an dùbhlán nach bi gu leòr dhaoine òga a' clàradh agus a' bhòtadh san RA.

Tha an **Duais Lorg Deamocrasaidh** mar dhuais airson àrd-sgoiltean a chruthaicheas cultar adhartach de shaoranachd agus deamocrasaidh, agus a chuidicheas le bhith a' cur ri com-pàirteachadh òigridh sa chomann-shòisealta. Maoinichte le Oifis a' Chaibineit le taic bho Riaghaltas na RA, tha an duais a' comharrachadh agus a' co-roinn soirbheachas sgoiltean a tha a' dol nas fhaide ann a bhith ag uidheamachadh nan oileanach leis na sgilean agus leis an eòlas gus pàirt iomlan agus gnìomhach a ghabhail sa chomann-shòisealta, tro shàr theagasg, guth nan oileanach agus pròiseactan gnìomh sòisealta.

Faigh a-mach mar a nì thu tagradh an seo: <http://www.leagueofyoungvoters.co.uk/discovering-democracy-awards/>